

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 494. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 190 corresponds to Litir 494.*

*Note: A special offer from Clì Gàidhlig – a free copy of the book and DVD “Leabhar nan Litrichean” (the first 200 Litrichean). P & P £3 in UK. Contact [dj@cli.org.uk](mailto:dj@cli.org.uk) for details or phone 01463 226710*

Tha mi a’ dol a thòiseachadh na Litreach an t-seachdain seo le litir. Tè a tha mòran nas ainmeile na Litir do Luchd-ionnsachaidh, feumaidh mi aideachadh. Litir a nochdas anns a’ Bhìoball. Seo pàirt dhith.

“Ach tha mi a’ toirt fios dhuibh, a bhràithrean, an soisgeul a shearmonaicheadh leamsa, nach ann a rèir duine a tha e. Oir cha b’ ann o dhuine a fhuair mi e, ni mò a theagaisgeadh dhomh e, ach tre fhoillseachadh Iosa Criosd.”

A bheil sibh eòlach air an Litir sin? ’S e sin dà earrainn a-mach à Litir an Abstoil Phòil chum nan Galatianach. Tha e anns an Tiomnadh Nuadh. Seo earrann eile bhon Litir – Caibideil a Trì, Earrann a h-Aon. Tha e a’ sealltainn nach robh Pòl agus na Galatianaich a’ tarraing buileach air an aon ràmh, co-dhiù nuair a sgrìobh Pòl an litir thuca:

“O a **Ghalatianacha** amaideach, cò a chuir druidheachd oirbh, ionnas nach bitheadh sibh umhail don fhìrinn, d’ an robh Criosd air a nochdadh gu soilleir **fa chomhair bhur sùl**, air a cheusadh nur measg?”

Bha Pòl air a bhith ann an Galatia roimhe, a’ searmonachadh. Tha e ag ràdh ann an Leabhar Ghnìomharan nan Abstol gun deach e “tro thìr Galatia uile ... a’ neartachadh nan deisciobal uile.” Agus tha e ag ràdh anns an Litir aige – anns a’ cheathramh is còigeamh Earrann deug dhen cheathramh Chaibideil – gun d’ fhuair e fàilte chridheil chridheil bho mhuinntir an àite aig an àm ud. “Tha mi a’ dèanamh fianais dhuibh,” tha e a’ sgrìobhadh, “nam bu chomasach e, gun spionadh sibh a-mach bhur sùilean fhèin agus gun tugadh sibh dhòmhsa iad.”

Ach, anns an eadar-ama, tha cùisean air a dhol an aghaidh teachdaireachd Phòil agus an aghaidh an iompachaidh a rinn e, a rèir na sgrìobhas e. Anns an Litir aige, tha e ag iarraidh air na Galatianaich tilleadh don teagasg aige fhèin.

Bhiodh e inntinneach faighinn a-mach, nuair a bha Pòl ann an Galatia, dè an cànan a bha e a’ bruidhinn ris an t-sluagh. Bha Galatia ann am meadhan na dùthcha ris an canadh na Ròmanaich *Asia Minor*. Ghabh Pòl sgrìob mhòr tron dùthaich sin. An-diugh, tha sinn nas eòlaiche air *Asia Minor* mar *Anatolia* – ’s e sin a’ chuid mhòr dhen Tuirc. B’ e prìomh bhaile nan Galatianach àite ris an canadh iad Ancyra. ’S e sin far a bheil prìomh bhaile na Tuirc an-diugh – baile mòr air a bheil Ankara.

Carson a tha mi a' togail ceist mun chànan a bh' aig na Galatianaich? Tha, a chionn 's gur e Ceiltich a bh' annta. Tha an *Gal-* aig toiseach an ainm ag innse sin. Bha iad càirdeach do na Gàidheil, is do mhuinntir *Ghaul* is muinntir *Ghalicia* – is bha barrachd na aon Ghalicia ann.

'S dòcha gur iad na Galatianaich na Ceiltich a b' fhaide sear a chaidh a chlàradh ann an eachdraidh. Gu deimhinne, bha iad càirdeach dhuinn fhèin, fad às. Agus tha e a' coimhead gu math coltach gun robh iad fhathast a' bruidhinn cànan Ceilteach nuair a bha an t-Abstol Pòl nam measg. Chaidh aithris anns a' cheathramh linn AC gun robh cànan aca fhathast a bha co-ionann ris a' chànan aig treubh eile a bha a' fuireach ann am meadhan na Roinn Eòrpa – taobh Abhainn Rhine.

Ach ciamar a dh'èirich suidheachadh far an robh Ceiltich a' fuireach ann an Asia Minor? Bheir sinn sùil air a' cheist sin an ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Am Bìoball: *The Bible*; An Tiomnadh Nuadh: *The New Testament*; Caibideil: *Chapter*; Earrann: *Verse*; gu deimhinne: *certainly*; treubh: *tribe*.

**Abairtean na Litreach:** tè a tha mòran nas ainmeile na: *one [fem] that is much better known than*; feumaidh mi aideachadh: *I must admit*; tha mi a' toirt fios dhuibh, a bhràithrean: *I tell you, brothers*; an soisgeul a shearmonaicheadh leamsa: *the gospel preached by me*; nach ann a rèir duine a tha e: *it is not according to [made by] man*; ni mò a theagaisgeadh dhomh e: *neither was I taught it*; tre fhoillseachadh Iosa Criosd: *by the revelation of Jesus Christ*; Litir an Abstoil Phòil chum nan Galatianach: *The Letter of the Apostle Paul to the Galatians*; a' tarraing buileach air an aon ràmh: *altogether in agreement [pulling on the same oar]*; cò a chuir druidheachd oirbh?: *who bewitched you?*; ionnas nach bitheadh sibh umhail don fhìrinn: *so that you'd not be obedient to the truth*; air a cheusadh nur measg: *crucified among you*; Leabhar Ghnìomharan nan Abstol: *The Book of the Acts of the Apostles*; a' neartachadh nan deisciobal uile: *strengthening all the disciples*; nam bu chomasach e, gun spìonadh sibh a-mach bhur sùilean fhèin: *if it had been possible, that you'd have plucked out your own eyes*; agus gun tugadh sibh dhòmhsa iad: *and you'd have given them to me*; anns an eadar-ama: *meantime*; aghaidh an iompachaidh a rinn e: *against the conversion[s] he made*; ghabh Pòl sgrìob mhòr: *Paul made a big journey*; a' chuid mhòr dhen Tuirc: *the major part of Turkey*; na Ceiltich a b' fhaide sear a chaidh a chlàradh: *the most easterly Celts [ever] recorded*; anns a' cheathramh linn AC: *in the 4<sup>th</sup> Century AD*.

**Puing-chànain na Litreach:** a **Ghalatianacha** amaideach: *O foolish Galatians. Paul is here addressing the Galatians and the Gaelic word Galatianach [“Galatian”] is therefore in its vocative plural form (not something you come across often in everyday speech). I dealt a little with the vocative plural in Litir 197 in March 2003. Note how it is formed in this instance. A similar example would be “a bhodacha” [or “a bhodachaibh”] used in addressing a group of old men. The Bible is a very good resource for any student of Gaelic who wants to access the language in a high-register which follows traditional grammatical modes.*

**Gnathas-cainnt na Litreach:** fa chomhair bhur sùl: *before your eyes. Sùl is the genitive plural of sùil [following the compound preposition fa chomhair].*

\* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA